

Beachdan às Ìle air an dreach Phlana.

Chaidh coinneamh fiosrachaidh a chumail an Ìle san Lùnastal 2006 mar phàirt den dà cho-chomhairle aig Bòrd na Gàidhlig agus aig an robh còrr is fichead duine an làthair. Am measg nam beachd a chaidh a thoirt seachad bha gum biodh dòighean gus spionnadh a thoirt don Ghàidhlig san dachaigh air leth cudromach, a thuilleadh air oidhirp gus barrachd luchd-teagaisg Gàidhlig a thàladh is an cumail ag obair ann an sgìrean dùthchail. Bidh feum cuideachd air dòighean gus toirt air barrachd luchd-teagaisg le Gàidhlig a bhith a' teagasg tron chànan, gus an roghainn Gàidhlig a thaghadh mar chuspair sa bhun-sgoil a thoirt do àireamh nas motha de chloinn.

A' beachdachadh air luchd-ionnsachaidh, dh'fheumadh a' Phlana Nàiseanta rannsachadh a dhèanamh air dè tha toirt air daoine Gàidhlig ionnsachadh mus soirbhich le oidhirpean gus piseach a thoirt air na h-àireamhan. Tha cruaidh fheum cuideachd air rannsachadh am measg luchd-ionnsachaidh air cia mheud a fhuair fileantachd sa Ghàidhlig le bhith a' leantainn clasaichean is cùrsaichean mar a tha a' dol an ceartuair. Bheireadh seo fianais luachmhor air cho èifeachdach 's a tha goireasan ionnsachaidh air a bhith thar nam bliadhnaichean, agus bha muinntir na coinneimh an dùil gum bu chòir don Bhòrd feuchainn air dòighean teagaisg ùra a chuideachadh, leithid a' chùrsa Úlpan. Bha a' choinneamh cuideachd a' moladh gu bheil feum air structar sònraichte gus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, an dà chuid air feadh Alba is gu h-eadar-nàiseanta. Dh'fhaodadh an obair seo teicneolas ùr achleachdadh gus conaltradh a neartachadh eadar luchd-ionnsachaidh, leithid a bhith a' cruthachadh blogs Gàidhlig thairis air an eadar-lìon.

Bha na bha an làthair aig a' choinneimh a' faireachdainn gum bi feum air tuilleadh sanasachd de rudan feumail a dh'fhaodas daoine dèanamh gus a' Ghàidhlig a chur air beulaibh an t-sluaigh, mar eisimpleir, leabhraichean-seic Gàidhlig, bùird-fiosrachaidh dà-chànanach (display boards).

Bha iad cuideachd den bheachd nach robh an dreach plana idir soilleir air cò às a thigeadh an t-airgead agus dè na bhios ann dheth gus an obair leasachaidh airson maith na Gàidhlig a chur an gnìomh. Bha iad an dùil gum bi obair chudromach aig Bòrd na Gàidhlig gus stiùireadh na h-iomairt 's an strì gus am maoinachadh iomchaidh mar a bhios a dhìth fhaighinn bhon riaghaltas.

Leis gach deagh dhùrachd,
Dòmhnall A. MacIllinnein.

Dòmhnall Angaidh MacIllinnein
Manaidsear
Ionad Chaluum Chille Ìle
Gartnatra
Eilean Ìle
PA43 7LN
Fòn: 01496 810300 no 01496 810818